

Sgeama Co-ionannachd Chiorraim  
Lèirmheas is Aithisg Bhliadhnail  
An Dùbhlachd 2009



**Scottish Natural Heritage**  
All of nature for all of Scotland

Dh'fhoillsich Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH) a chiad Sgeama Co-ionannachd Chiorraim san Dùbhlachd 2006. Chuir seo an cèill ar dealas a thaobh co-ionannachd chiorraim, agus nan gnìomhan a bha sinn am beachd cur air dòigh eadar 2006 agus 2009. Tha an lèirmheas agus an aithisg bhliadhnail seo a' toirt fiosrachadh mun adhartas a tha sinn air dèanamh san treasamh bliadhna den sgeama, agus tha i cuideachd a' soilleireachadh ar prìomh amasan san ùine a tha romhainn.

Tha an Sgeama seo againn làimh ri Sgeama Co-ionannachd Cinnidh agus an Sgeama Co-ionannachd Gnè. Ach tha an dòigh sa bheil sinn a' dèiligeadh ri co-ionannachd is iomadachd a' gabhail a-steach nan 6 dualan de cho-ionannachd - aois, creideamh is cràbhadh, agus aomadh gnèitheach.

Tha plana-gnìomh an sgeama chiorraim an cois seo aig Leas-earrainn 1, a' mìneachadh an adhartais a tha sinn air dèanamh a thaobh gach gnìomh-obrach, agus tha liosta de ghnìomhan eile a chaidh a chomharrachadh ri linn an lèirmheis seo.

## **Dè na prìomh nithean a choilean sinn sa bhliadhna seo a dh'fhalbh?**

1. Sa bhliadhna gus an àm seo, tha sinn air a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ar luchd-obrach mothachail air cùisean a tha co-cheangailte ri co-ionannachd is iomadachd, tro ar taisbeanaidhean mu Cho-ionannachd is Iomadachd. Chuidich na seiseanan seo le aithne ar luchd-obrach a thaobh nan dleastanasan agus nan còirichean aca; 's le bhith a' toirt gu aire na dh'fheumas dèanamh airson 's gum bi gnìomhachdan SNH uile a' coileanadh feuman co-ionannachd slugh na h-Alba air fad.
2. Le co-oibreachadh, co-chomhairle eadar buidhnean co-ionannachd agus compàirteachadh mathas cleachdaidh, tha sinn a' cruinneachadh fiosrachadh fhathast a thèid a chleachdadh gus measaidhean air buaidh co-ionannachd agus sgeamannan co-ionannachd san fharsaingeachd a chur an gnìomh.
3. Air sgàth a' chompàirteachais a th' againn còmhla ri ùghdarrasan poblach eile - gu sònraichte, tro Fhòram Co-ionannachd Buidhnean Poblach Neo-Roinneil (NDPB), agus Buidheann Co-ionannachd Compàirteachas Planadh Choimhearsnachdan na Gàidhealtachd (HCPP) – thug sinn stiùir agus fiosrachadh do chàch a chèile gus builean compàirteachadh mathas cleachdaidh a stèidheachadh, fhad 's a thathar a' feuchainn ri trèanadh agus seirbheisean a libhrigeadh gu h-èifeachdach le bhith a' cur nan goireasan againn an lùib a chèile.

## **Measaidhean Buaidh Co-ionannachd (EqIA)**

4. Tha cothrom aig luchd-obrach air stiùireadh is fiosrachadh feumail fhaighinn bho mheanbh-làrach Co-ionannachd is Iomadachd a chuidicheas leotha Measaidhean Buaidh Co-ionannachd (EqIA) a dhèanamh. Chaidh an stiùireadh a chur ann an cainnt a tha sìmplidh is soilleir, gus am faigh an àireamh as motha de dhaoine cothrom air. Tha an t-inneal seo cuideachd a' leigeil le luchd-obrach rannsachadh a dhèanamh agus staitistearachd a lorg bho ghoireasan air taobh a-muigh na buidhne, gus teisteanas a thoirt dhaibh a bheir taic do na EqIAan.
5. Thathar a' breithneachadh as ùir air a' chiad Measadh Buaidh air Dleastanasan is Seirbheisean a bh' ann aig toiseach Pròiseact Co-ionannachd is Iomadachd, gus beachdachadh air na EqIAan a th' air an coileanadh mu thràth, agus gus coimhead air na gnìomhan air am feumar cuimseachadh san ùine bhig a tha romhainn.
6. Chaidh stiùireadh a thoirt do sheirbheisean Mhaoir-dhùthcha a tha a' faighinn taic bho SNH a thaobh Aithisgean Co-ionannachd is Iomadachd. Feumaidh Aithisg Co-ionannachd is Iomadachd a bhith aig a h-uile seirbheis Mhaoir-dhùthcha a tha a' faighinn taic bho SNH an taobh a-staigh a' chiad bhliadhna den tabhartas aca. Tha a' chiad fheadhainn dhiubh seo ri a bhith a-staigh ron Mhàrt 2010.
7. Bha sinn air ochd Seiseanan a phlanadh airson Fiosrachadh mu Bhuidh Co-ionannachd a bha a' dol a ruith eadar an t-Samhain 2009 agus am Màrt 2010 ann an diofar àitean air feadh Alba. Bha na seiseanan seo ag amas air fiosrachadh mionaideach a thoirt mu phròiseasan nan MBlàn agus cuideachd air cothrom a thoirt don luchd-obrach bruidhinn air fìor eisimpleirean a bhiodh freagarrach is cuideachail. Ach, bha an luchd-obrach san fharsaingeachd den bheachd gum b' e modh-obrach nas pearsanta a b' fheumaile, agus mar sin, gheibh aonadan fa leth seiseanan a tha nas freagarraiche a thaobh nam feuman aca.

## Rannsachadh

8. Tha rannsachadh a' gabhail àite an-dràsta a tha a' coimhead ris mar a thèid fiosrachadh mu shlighean a mhìneachadh, 's gum bi iad nas so-ruigsinneach. Thèid cuideam gu sònraichte a leigeil air ciorramachd is cinneadh.
9. Tha aonad Inbhe Beatha SNH air a bhith a' dèanamh rannsachadh, còmhla ri Comhairle Pheairt is Chinn Rois agus SportScotland gus barrachd tuigse fhaighinn air carson nach eil daoine a' gabhail pàirt ann an cur-seachadan a-muigh ro thrì. 'S e cunntas a bhios san rannsachadh gus aithne fhaighinn air buidhnean sònraichte sam bith nach eil a' gabhail pàirt idir, no nach eil san àbhaist, ann an cur-seachadan a-muigh.
10. Chaidh pàipear a' bhùird, *'Enjoying the Outdoors - Update and Proposed Priorities for Supporting Increased Participation'* fhoillseachadh sa Ghearran. Bha am pàipear seo ag amas air a bhith a' toirt beachd air mar as fheàrr a mheudaicheas SNH na tha an sluagh a' dèanamh a-muigh, a thaobh chur-seachadan, obair shaor-thoileach, foghlam is turasachd a-muigh, 's gu sònraichte a-measg an òigridh agus a-measg bhuidhnean an anacoithrim.
11. Tha aonad Inbhe Beatha a' cur ri chèile pàipear leis an tiotal, *'Adhbharan airson 's nach eil Daoine a' dol a-Mach - Geàrr-chunntas air na lorgaidhean bho dhiofar rannsachaidhean freagarrach'*. Tha am pàipear seo a' coimhead ri 20 aithisg eadar-dhealaichte a tha a' mìneachadh nan cnapan-starra a tha a' cur bacadh air daoine, agus mar a dh'fhaodar faighinn seachad orra.
12. Tha eisimpleirean de chiorramachdan rim faighinn anns na cunntasan *Scottish Nature Omnibus Survey* agus *Scottish Recreation Survey*, gus beachdan na buidhne co-ionannachd seo a shoilleireachadh a thaobh a cuid beachdan a thaobh SNH mar bhuidheann, agus a thaobh a cuid fhreagairtean ri cur-seachadan a-muigh.
13. Gu tric, cleachdaidh sinn fiosrachadh bho bhuidhnean taobh a-muigh de SNH, agus tha còmhraidhean a' gabhail àite an-dràsta tro na fòraman co-ionannachd, 's gum faigh sinn air rannsachadh a roinn eadarainn gun duilgheadasan. Tro ar com-pàirteachas le Buidheann Co-ionannachd HCPP, tha sinn air ar n-oidhirpean a thoirt ri chèile ann a bhith a' clàradh fiosrachadh agus rannsachadh gus foillseachadh a thoirt do na Sgeamannan Co-ionannachd. Tron seo, tha sinn air cur air dòigh Aithisg Fiosrachaidh Co-ionannachd, far a bheil gach buidheann a' toirt geàrr-chunntasan air prìomh chuspairean agus molaidhean bho dhiofar stòrasan de rannsachadh. Tha gach buidheann an uair sin a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo mar chuideachadh ann a bhith a' toirt cumadh air an sgeama co-ionannachd aca, agus gu sònraichte, 's sinn ag obrachadh gu ar Sgeamannan Co-ionannachd Singilte a tha ri teachd.
14. Tha obair a' leantainn air adhart a-measg bhall Fòram Co-ionannachd NDPB gus faighinn seachad air duilgheadasan ann a bhith a' co-roinn fiosrachadh air sgàth duilgheadasan teicneòlach; agus gus nach bithear a' faighneachd nan aon cheistean a-rithist 's a-rithist do bhuidhnean. Tha seo na chuspair seasmhach aig coinneamhan nam fòraman.

## Trèanadh agus a' Dùsgadh Mothachadh

15. Tha sgioba Co-ionannachd is Iomadachd SNH a' leantainn air adhart le na seiseanan gluasadach, a bhios a' dol gu coinneamhan air feadh na dùthcha. Tha faisg air leth den luchd-obrach againn air compàirt a ghabhail anns na seiseanan seo, agus sinn a-nise air seiseanan fosgailte a chur air dòigh a tha a' toirt cothrom do dhaoine faighinn gu seiseanan air taobh a-muigh coinneamhan aonaid.
16. Tha pasgan e-Foghlam *Samedifference*, a tha ag obrachadh tro na sia cuspairean co-ionannachd, le ciorramachd nam measg, ri fhaighinn, agus tha e seo a' toirt cothrom do neach sam bith aig a bheil ùidh sa chuspair fiosrachadh fhaighinn. Tha e cuideachd na phàirt den chùrsa trèanaidh airson Taghadh is Trusadh agus airson an Dioplòma ann an Rianachd. Tha am pasgan tòiseachaidh agus an cùrsa tòiseachaidh cuideachd a' toirt iomradh air an dleastanas a th' air luchd-obrach agus air SNH mar bhuidheann phoblach a thaobh Co-ionannachd is Iomadachd.
17. Tha an obair gus cumadh a thoirt air Measadh Buaidh Co-ionannachd a' leantainn air adhart tro a bhith a' coinneachadh le Ceannardan Co-ionannachd. Cuideachd, chaidh 6mh Ceannard a chur an dreuchd. Tha na Ceannardan seo a' bruidhinn ri luchd-obrach nan sgiobaidhean mu mholaidhean a thaobh trèanadh agus mothachadh. Tha iad cuideachd feumail ann a bhith a' toirt stiùireadh agus comhairle dhaibhsan a tha airson Measadh Buaidh Co-ionannachd a choileanadh, an taobh a-staigh na Buidhne-stiùiridh a tha iad a' riochdachadh.
18. Tro Fhòram Co-ionannachd NDPB, tha sinn air 'Pròiseact Trèanaidh do dh'Eadar-mheadhanairean' a chur air dòigh. Tha am pròiseact seo airson 's gum bi stòras de dh'eadar-mheadhanairean sgileil ann do gach ball den Fhòram Co-ionannachd. Ged a tha an sgeama dìreach air tòiseachadh, tha am pròiseact seo na eisimpleir air mar a dh'fhaodas buill NDPB co-oibreachadh ann an cùisean cosnadh san àm ri teachd.
19. Tha sinn a' leantainn air adhart ann a bhith a' cur am follais SNH mar fhastaiche a tha a' toirt chothroman co-ionann, tro ar làrach-lìn agus ann am foillseachaidhean, leithid stiùireadh *Employmentability* do dh'fhastaichean agus do dhaoine ciorramach.

## **A' Daingneachadh Co-ionannachdan am broinn shiostaman**

20. Seach gu bheil iBids ùr agus bun-dàta Phròiseactan a-nise air an leasachadh, feumaidh manaidsearan phròiseactan innse am bi feum aig a' phròiseact aca air Measadh Buaidh Co-ionannachd. Bu chòir gun adhbharaich seo gun tèid MBlan an cruthachadh aig ìre nas tràithe na bha iad ann am bliadhnachan roimhe seo, agus bheir seo cothrom gus a bhith a' beachdachadh air feuman a thaobh ghoireasan aig ìre planaidh.
21. Nuair a thèid lèirmheas a dhèanamh air gnìomhan agus air poileasaidhean, tha seo a' toirt cothrom gus MBlan a chruthachadh no ath-sgrùdadh. Ma thèid beachdachadh air cùisean co-cheangailte ri cinneadh agus sreathan co-ionannachdan eile, cuidichidh seo ann a bhith a' rèiteachadh co-ionannachd agus iomadachd air feadh na buidhne.
22. Chaidh am poileasaidh Coileanaidh ath-sgrùdadh bho chionn ghoirid le cruthachadh EqIA a' toirt ruith air an stòr-dàta iPerformance.

## **Cosnadh**

23. Chaidh an dàta a dhaingneachadh tron bhun-dàta iPeople gus fiosrachadh co-cheangailte ri iomadachd an luchd-obrach a chruinneachadh. A' chiad turas a chaidh seo a dhèanamh, bha an àireamh dhaoine a ghabh pàirt ìosal. Thathar a-nise a' misneachadh an luchd-obrach pàirt a ghabhail ann an eacarsaichean den leithid seo, agus a' sealltainn dhaibh cho cudromach 's a tha e sùil a chumail air staitistearachd, aig seiseanan mothachaidh agus ann an diofar cho-chonaltraidhean. Tha GD (Goireasan Daonna) an-dràsta a' cur air dòigh Plana-gnìomha Co-ionannachd, anns a bheil gnìomhan eile a mheudaicheas iomhaigh SNH mar fhastaiche co-ionannachd chothroman. Thathar an dòchas gun toir an ath eacarsaich daingneachaidh figearan nas mionaidiche a chuidicheas ann a bhith ag ath-sgrùdadh an riochdachaidh am measg an luchd-obrach aig an àm-sa.

## **Tabhartasan agus Maoineachadh**

24. Tha SNH air a bhith a' toirt thabhartasan agus maoineachadh do phròiseactan a tha a' misneachadh dhaoine compàirt a ghabhail san dualchas nàdarra. Tha Sense Scotland air maoineachadh fhaighinn air sgàth an cuid obrach gus ruigsinneachd a mheudachadh air an dùthaich do dhaoine aig a bheil duilgheadasan fradhairc no claisneachd. Tha Momentum Scotland cuideachd air cuideachadh fhaighinn air sgàth 's an cuideachaidh a tha iad a' toirt do dhaoine aig an robh dochann eanchainn no a tha a' fulang tro mhì-chleachdadh dhrogaichean. Agus tha SNH ann an Roinn a' Mhonaidh aig an àm-sa a' stèidheachadh tabhartas siubhail choimhearsnachdan a bheir barrachd cothrom do dhaoine faighinn chun na dùthcha.

25. Tha SNH fhathast a' misneachadh dhaoine ann a bhith a' gabhail pàirt ann an cothroman saor-thoileach. Tha sinn a' toirt taic don BTCV (Urras Bhreatainn airson saor-thoilich glèidhteachas), agus tha targaid againn 500 neach saor-thoileach à buidhnean fo anacothrom no às-dùinte a bhith a' gabhail pàirt ann am pròiseactan air làraichean shònraichte. Thèid soirbheachas na targaide seo a chlàradh ann an 2010, agus gabhaidh sin a-steach daoine air tuarastalan ìosal, daoine ciorramach, an t-òigridh, daoine à mion-bhuidhnean cinnidh, fògarraich, agus ath-ghnàthachadh eucoraich.

26. Tha sinn cuideachd a' gabhail a-steach fheuman ar luchd-èisteachd nuair a bhios sinn a' gabhail pàirt ann an tachartasan. Mar eisimpleir air an seo, chuir Roinn na Gàidhealtachd a Tuath de SNH tachartas air dòigh aig Cuaraidh Achanarrais a bha gu sònraichte do bhuidhnean le feuman sònraichte. Bha na buidhnean a' gabhail pàirt ann am planadh an latha, san robhar gu bhith a' lorg fhosailean, agus air sgàth 's beachdan nam buidhnean, chaidh an latha a roinn ann an diofar phàirtean, a leig do gach buidheann compàirt a ghabhail ann an dòigh a fhreagair an cuid fheuman.

27. Tha sinn cuideachd air maoineachadh a thoirt do phròiseactan ruigsinneachd, leithid slighe Dualchas Loch Lèibhein - slighe sa bheil 14 km de dh'fhaid mu thimcheall an aonaid Nàdar Nàiseanta, agus a tha so-ruigsinneach do gach neach; agus aonad nan gèimeirean aig Gleann Doll ann an Aonghas aig a bheil dol-a-steach a tha freagarrach airson gach ìre comais. Tha na pròiseactan seo a' dèanamh feum do dhiofar shreathan de cho-ionannachd, na ciorramaich nam measg, oir tha iad a' meudachadh sàbhailteachd, 's mar sin, tha iad a' toirt cothrom do dhaoine an cleachdadh, fiù 's le carbadan-leanaibh no le cathraichean-cuibhle. Tha pròiseactan mar slighean airson gach

ire-comais aig Loch Claraic agus aig Tarland ann an Roinn a' Mhonaidh air buannachd fhaighinn tron mhaoineachadh seo.

28. Tha àite aig SNH cuideachd airson cothrom a thoirt do dhealbhaichean a tha a' foillseachadh obair a bheir air daoine smaoinneachadh mu chiorram. Tha obair Keith Salmon, dealbhaiche tìre, a bhios a' bruidhinn air fhèin-fhiosrachaidhean fhèin le droch fhradhairc na eisimpleir air an seo. Cuideachd tha 'Shot in the Dark' - foillseachadh de dhealbhan-camara a thàinig gu bith tro phròiseact a thug cothrom do dhaoine ann an Rois an Iar a tha a' faighinn seachad air tinneas inntinn obair a dhèanamh le camara didseatach.

## Compàirteachadh agus Co-chomhairle

29. Ann an 2009, ghabh sinn pàirt ann an tachartasan HCPP (Compàirteachas Planaidh Choimhearsnachdan na Gàidhealtachd) mar thoiseach tòiseachaidh air compàirteachas. B' e amas nan tachartasan sin modh-obrach rèiteil agus co-chomhairle eadar coimhearsnachdan agus solaraichean-sheirbheisean a th' air an riochdachadh ann am Buidhnean Co-ionannachd HCPP a chur air dòigh. Bhathar an dòchas gum biodh am fiosrachadh a gheibhear feumail airson Sgeamannan Co-ionannachd ar co-bhuidhnean. Chumadh tachartasan ann an trì diofar àitean air a' Ghàidhealtachd, agus bha riochdairean bhon HCPP aig gach tachartas, agus a' gabhail pàirt annta. Ged nach robh na h-àireamhan mòr, chuir an fheadhainn a bh' ann fàilte air an tachartas, ag ràdh gun robh e a' toirt cothrom co-ionannachd is iomadachd a chur air adhart, agus a' toirt cothrom coinneachadh ri feadhainn eile aig an robh ùidh anns na cuspairean sin. Chaidh aithne a chur air cuspairean a bha a' cur feum air obair: na thathar a' sùileachadh bho na tachartasan, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil cuspairean sònraichte is cumhang.
30. Tha sinn air a bhith a' neartachadh ar co-labhairt le daoine tro ar compàirtichean, le buidhnean mar Countryside for All, Buidheann *Accessibility for All, Paths for All*, agus *Urras Fairfield* agus *Fàrsanaich Chiorramach*. Tha sinn a' dlùth obrachadh leis an lìonradh seo de bhuidhnean gus deagh chleachdadh a stèidheachadh, gus iomairtean ùra a chur air dòigh, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil a' riochdachadh feuman nan cleachdadairean air fad. Leis an fhòram, *Countryside for All*, stèidhich sinn deasbad air pàipear-comhairleachaidh air a bhith a' Toirt a-steach agus a' Co-chomhairleadh le Ciorramaich, a tha ag amas air a bhith a' soilleireachadh dhleastanasan reachdail, agus a' beachdachadh air deagh chleachdadh airson ruigsinneachd a-muigh. Tro na compàirtichean seo, tha SNH ag amas air leasachaidhean a dhèanamh ri so-ruigsinneachd dualchas nàdarra na dùthcha airson gach coimhearsnachd ann an Alba.
31. Tha sinn cuideachd a' leantainn air adhart le ar n-obair còmhla ri buidhnean, leithid *Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh*, *Fòram Co-ionannachd na Gàidhealtachd is nan Eilean* agus *Lìonradh Co-ionannachd Dhùthchail na h-Alba* ann a bhith a' co-roinn fiosrachadh eatarainn agus a' cur ri fòraman co-cheangailte ri cuspairean a tha a' dèiligeadh ri co-ionannachd.
32. Chaidh am *Fòram So-ruigsinneachd Nàiseanta* a stèidheachadh gus cuideachadh ann a bhith a' cur air chois còirichean ruigsinneach. Tha a' bhuidheann seo a' toirt cuspairean coltach còmhla, agus tha i a' comhairleachadh thairis air raon farsaing de chuspairean co-cheangailte ri reachdan ùra. Tha am Fòram cuideachd a' toirt taic do dh'fhòraman aonadail, a tha cudromach ann a bhith a' rèiteachadh dhuilgheadasan sam bith a dh'fhaodadh nochdadh sna sgìrean ionadail.

33. Bidh sinn fhathast a' cur ri Fòram Access for All, Alba. 'S e am prìomh amas aig an fhòram seo ach cur-seachadan a-muigh agus foghlam na h-àrainneachd a dhèanamh fosgailte is ruigsinneach don h-uile duine. Tha am Fòram a' cur air adhart deagh chleachdadh, agus tha e a' toirt comhairle air cothroman trèanaidh.

### **Lèirmheas air Sgeama Co-ionannachd Chiorramach**

34. San Iuchar 2009, chuir ar sgioba-sgrùdaidh air chois lèirmheas den Phròiseact Co-ionannachd gus meas a dhèanamh air na bh' againn air dòigh agus gus cinnt fhaighinn air na bha a' gabhail àite. Chaidh àireamh bheag de mholaidhean a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun gabh luchd-obrach aonadail os làimh EqIAan a tha deatamach, 's gun tèid seo a dhèanamh ann an ùine a tha reusanta; cuideachd gun tèid aithne a chur air stòrasan a stiùiricheas obair a tha air tòiseachadh a thaobh lèirmheasan sgeamannan co-ionannachd. Feumar cuideachd stòrasan a lorg a stiùiricheas an obair a tha air tòiseachadh mu thràth co-cheangailte ri lèirmheasan an sgeama co-ionannachd, agus ri a bhith a' coimhead thairis air EqIAan an dèidh don phròiseact seo crìochnachadh. Chaidh molaidhean na sgioba-sgrùdaidh a chur ris a' phlana-gnìomha.

35. Thug am fèin-mheasadh bho Sgrùdadh Co-ionannachd na h-Alba, *Àrd-luach*, cothrom dhuinn cuideachd. Shuilleirich an teastadh seo na cothroman a ghabh sinn gus fiosrachadh a cho-roinn agus gus cur ri modh-obrach MBI. Cuideachd, shoilleirich e àitean far a bheil feum air leasachadh - gu sònraichte sealbh agus càinnt. Aig amannan, chan e an neach a th' air ainmeachadh sna planaichean aig a bheil da-rìribh dleastanasan an sgeama Co-ionannachd. Thathar aig amannan a' cleachdadh càinnt eadar-dhealaichte gus bruidhinn air an aon rud, leithid mìneachadh air abairtean mar 'luchd an anacothroim' agus 'Buidhnean co-ionannachd'. Tha na planaichean fhèin air meudachadh le rudan ùra air an cur riutha.

36. San t-Sultain, chuir SNH aithne air gum biodh e deatamach tuigse nas fhèarr a bhith againn air an Achd Co-ionannachd ris an robhar an dùil, agus na buidhnean riochdachaidh a bhith a' gabhail barrachd compàirt. Mar sin, chuir sinn romhainn nach cuireadh sinn na trì Sgeamannan Co-ionannachd còmhla ann an Sgeama Singilte gu 2010/11, agus gun cuireadh sinn air dòigh coinneamhan ann an 2010 airson na Buidhne Co-ionannachd le seo far comhair.

37. Chaidh cead a thoirt dhuinn an Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd a chumail airson bliadhna eile gus Pròiseact Co-ionannachd is Iomadachd àbhaisteachadh. Bheir seo cothrom cumadh a thoirt air plana-gnìomha a tha nas so-ruigsinniche do Sgeama Co-ionannachd Singilte tro a bhith a' gabhail a-steach buidhnean Co-ionannachd bho na sreathan air fad, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh agus comhairle a' dol chun nan aonadan air fad 's iad a' gluasad gu a bhith a' gabhail ri modh-obrach Measadh air Buidh Co-ionannachd. Tha an sgioba cuideachd gu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil modhan sgrùdaidh agus lèirmheasan air an stèidheachadh gus clàradh a dhèanamh nas fhasa agus nas fheàrr.

### **Dè a bhios sinn a' dèanamh sa bhliadhna a tha romhainn?**

#### **Sgeamannan Co-ionannachd**

38. Nuair a thèid am Bile Co-ionannachd tron Phàrlamaid, thathar an dùil gum bi aig SNH ri sgeama Co-ionannachd Singilte a chruthachadh ann an 2010. Bheir an sgeama seo a-

steach sgeamannan ciorraim, cinnidh agus gnè, còmhla ri creideamh, aois agus cùisean gnèitheach. Bidh an sgeama seo agus am plana-gnìomha a tha an dàimh ris a' co-obreachadh leis na dleasan a th' aig an roinn phoblach co-cheangailte ris a' Bhile Co-ionannachd. Bidh an sgeama an urra ri co-chomhairle bhon taobh a-staigh, agus co-chomhairle poblach eadar buidhnean co-ionannachd, luchd-obrach agus an sluagh san fharsaingeachd.

### **Measaidhean air Buaidh Co-ionannachd**

39. Nuair a thèid eisimpleirean de MBlan a chruthachadh, bheir seo beachd do dh'oifigearan coileanadh a thaobh mar a thèid tòiseachadh air MBlan, le a bhith a' tarraing bho luchd-eòlais anns gach roinn de dh'obair SNH. Bidh na h-eisimpleirean feumail airson MBlan san àm ri teachd, thèid nas lugha de dh'ùine a chosg, thèid barrachd a dhèanamh agus bidh barrachd cunbhalachd sna modhan-obrach.
40. Thathar cuideachd an dùil so-ruigsinneachd a mheudachadh gu pròiseasan MBlan le a bhith a' cur an fhoirm ann an dreach eileagtronaigeach. Thèid an MBI fhilleadh a-steach mar uidheam phròiseact an taobh a-staigh ar siostam in-bhuidseatachaidh de iBids is Pròiseactan. Nì seo soilleir an dàimh a th' eadar pròisean MBI agus na planaichean-gnìomha agus na goireasan air a bheil feum. Cuidichidh seo ann a bhith a' cur aithne air luchd-cleachdaidh bhon taobh a-muigh sa chiad dol-a-mach, agus bheir e a-steach buidhnean co-ionannachd a thaobh 's mar as fheàrr a thèid na feumalachdan aca a choileanadh.

### **Trèanadh agus Dùsgadh Mothachaidh**

41. Tha 50% den luchd-obrach againn air trèanadh fhaighinn, agus a-nise tha sinn a' cur air chois sheiseanan eile sa chiad leth de 2010/22. Gus an luchd-obrach air fad a mhisneachadh gus compàirt a ghabhail, faodaidh an luchd-obrach a dhol chun an t-seisein as freagarraiche dhaibh fhèin a thaobh an cuid obrach agus an àite sa bheil iad a' fuireach. Tha sinn cuideachd a' tadhal air na h-Eileanan, 's gum faigh na 's urrainn den luchd-obrach cothrom air an trèanadh.

### **Cosnadh**

42. Gus feuman agus beachdan ar luchd-obrach ciorramach fhreagairt, tha sinn ag obair còmhla ri VisitScotland, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, NHS na Gàidhealtachd, Comhairle na Gàidhealtachd, Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Job Centre Plus, Alba, gus tachartas a chumail ann an Inbhir Nis sa Chèitean 2010 airson Co-ionannachd Chiorramach. Thathar a' planadh an tachartais seo gus luchd-obrach agus manaidsaran aonadan a neartachadh ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean ciorraim san àite-obrach. Cuideachd, tha an latha gus cothrom a thoirt airson deasbad is còmhraidh mu lionra de luchd-obrach eadar na diofar bhuidhnean, agus gus bruidhinn air an dreach a bhios ann an seo.

### **Compàirteachadh agus Co-chomhairle**

43. Thathar air tachartas Compàirteachadh Mathas Cleachdaidh a phlanadh airson an Fhaoilleach, air a bheil tiotal, *Beyond the Usual Suspects*. Bheir seo cothrom do chleachdadairean coinneachadh ri buidhnean nach eil air an riochdachadh gu tric, airson am misneachadh a thaobh chur-seachadan a-muigh.



44. Thathar a' planadh Tachartasan Compàirteachais sa bhliadhna a tha romhainn, far an tèid cuireadh a thoirt do gach roinn den choimhearsnachd. Cuiridh seo ris an Sgeama Co-ionannachd Singilte le sùil ris an Achd Co-ionannachd Singilte.
45. Tha an Sgioba Co-ionannachd is Iomadachd Cuideachd ag ath-nuadhachadh liosta ainmean gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-ainmean air fad againn a bheir taic do cho-chomhairlean airson pròiseactan MBI no pròiseactan le compàirtichean eile.

### **Rannsachadh**

46. Thèid am pàipear 'Adhbharan nach eil daoine a' faighinn a-mach - Geàrr-chunntas air lorgaidhean diofar rannsachaidhean a chrìochnachadh agus foillsichidh an t-aonad Inbhe Beatha e bhliadhna seo tighinn.
47. Tha an co-roinn de dh'fhiosrachadh a' mairsinn air a' chlàr-ghnothaich aig fòraman HCPP agus NDPB, 's buill nam buidhnean a' leantainn air adhart le rannsachadh a thaobh mhodhan freagarrach gus co-roinn ar fiosrachaidh a mheudachadh.

### **Co-dhùnadh**

48. Anns a' bhliadhna a th' air a dhol seachad, tha sinn air a bhith a' cuimseachadh gu ìre mhòr air a bhith a' cur air dòigh eadar-aghaidh a bheir cothrom dhuinn co-oibreachadh agus a bhith a' dùsgadh mothachadh an luchd-obrach. Tha seo a' coileanadh feuman Dleastanasan na Roinne Poblach. Leis mar a tha sinn a' stèidheachadh uidheamachd MBI thairis air a' bhuidheann agus mar a tha luchd-obrach a' fàs nas mothachaile air na dòighean sam faod an obair aca buadhachadh air buidhnean ciorramach, tha sinn an dòchas gum bi e comasach dhuinn iomairtean ùra fhoillseachadh aig am bi deagh bhuidheann air buidhnean ciorramach. Bheir an Sgeama Co-ionannachd Singilte, agus mar a tha buidhnean ciorramach a' faighinn cothrom air a bhith ag obair còmhla ri na buidhnean co-ionannachd eile, cothrom gus lèirmheas a dhèanamh air a' phlana-gnìomha. Bidh cothrom cuideachd ann airson ath-shealladh a dhèanamh air targaidean, agus air prìomhachasan nam builean.

**Katie Eardley agus Jenny NicRath**

**Sgioba Pròiseact Co-ionannachd is Iomadachd**

# Leas-earrainn 1 - Plana-gnìomha - Adhartas an Sgeama Ciorraim, an Dùbhlachd 2009

1. A' buileachadh 's ag adhartachadh Sgeama Co-ionannachd Chiorraim & Prògram Co-ionannachd & Iomadachd				
Gnìomh	Dleastanas	Latha Amais	Adhartas	Buil
Foillsich Sgeama Co-ionannachd Chiorraim SNH	GD (Goireasan Daonna)	An Dùbhlachd 2006	Dèanta	
Tachartasan lèirmheis bho a-muigh agus a-staigh air an Sgeama Co-ionannachd	BCPU (Aonadan AIR FAD)	An t-Ògmhios 2010		Co-oibreachadh agus Co-chomhairle le Buidhnean Co-ionannachd agus modhan-obrach as fheàrr a thaobh cùisean co-ionannachd
Thoir Sgeamannan co-ionannachd ri chèile agus ath-nuadhaich plana-gnìomha am broinn Sgeama Co-ionannachd Singilte	BCPU	An t-Samhain 2010		Sgeama Co-ionannachd Singilte le modh-obrach SMART aithnichte
Leasaich dleastanasan, targaidean a thaobh cheann-latha, agus builean an lùib Sgeama Co-ionannachd	Aonadan Uile	An t-Ògmhios 2007	Dèanta. Sgeama ùr ri leasachadh airson 2010	Tha gach aonad a' cur romhpa adhartas a dhèanamh anns na

				gnìomhan aca fhèin
Faigh barrachd dealais bhon àrd-rianachd le a bhith a' sònrachadh ball den Sgioba Rianachd gu bhith na Cheannard/Sponsair air Co-ionannachd SNH	GD	An Gearran 2007	Sgioba Rianachd a' cur air adhart co-ionannachd is iomadachd am broinn gach rianachd.  Tha Pròiseact Co-ionannachd is Iomadachd an lùib portfolio Rùnaire Ro-innleachd is Conaltraidh	
Cuir aithne air goireasan (daonna agus ionmhasail) gus am plana-gnìomha a ghluasad air adhart	GD	An Gearran 2007	Buidseat Iomadachd tèarainte  Co-ionannachd is Iomadachd fillte a-staigh ann am planaichean gnìomhach gach aonad	Goireasan iomchaidh gus gluasad air adhart le planaichean-gnìomha
Lean air adhart le Leasachadh Prògram Co-ionannachd is Iomadachd, a' gabhail a-steach leasachadh air Ro-innleachd Iomadachd san fharsaingeachd	GD (Aonadan Uile)	Leantainneach	Leantainneach. A' beachdachadh air Ro-innleachd Iomadachd	
Dèan lèirmheas agus ath-shealladh air an sgeama gach trì bliadhna, le	BCPU	An t-Ògmhios 2008	Sgeama ciorraim gu bhith air a stèidheachadh	Sgeama foillsichte gach 3 bliadhna (a' chiad

lèirmheas eadar-amail airson a' chiad sgeama a' gabhail àite am broinn a' chiad bliadhna gu leth		An Dùbhlachd 2009	airson 2009  A-nise gu bhith air a ghabhail a-steach ann an Sgeama Co-ionannachd Singilte 2010	sgeama ath-fhoillsichte san Ògmhios 2008)  Sgeama Co-ionannachd Singilte foillsichte san t-Samhain 2010
Dèan lèirmheas air, agus foillsich aithris air mar a tha cùisean a' gluasad air adhart ann an Aithisg Bhliadhnail SNH	BCPU	An Giblean 2007  An Giblean 2008  An Giblean 2009	Dèanta	Aithris air adhartas san aithisg bhliadhnail
Cuir air bhog duilleag lomadachd air an làrach-lìn chorporra, le aithisg mu dhealas bho Cheannard/Sponsair lomadachd. Beachdaich air goireas airson ais-fhios.	GD (sa chiad dol a-mach)	An Giblean 2007	Dèanta	A' cumail sùil air fios air ais air an làrach-lìn

<b>2. A' Gabhail a-Staigh</b>				
<b>Gnìomh</b>	<b>Dleastanas</b>	<b>Latha Amais</b>	<b>Adhartas</b>	<b>Buil</b>
Cuir air dòigh modh-obrach/ro-innleachd fharsaing a ghabhas a-steach	GD (sa chiad dol	Am Màrt 2009	Stiùireadh air a bhith a' gabhail a-steach	Stiùireadh stèidhichte air Inbhean Nàiseanta

daoine ciorramach (agus buidhnean co-ionannachd eile)	a-mach)		ciorramaich air a chur air dòigh mar phàirt de dh'uidheam MBI, agus airson a dhol còmhla ri Ro-innleachd Cùram Luchd-cleachdaidh	airson Compàirt na Coimhearsnachd
Daingnich dàimhean agus compàirtichean le buidhnean co-ionannachd is iomadachd (leithid Fòram Co-ionannachd Chiorramach na h-Alba/na Gàidhealtachd is nan Eilean)	GD (Aonadan Uile)	Leantainneach	Leantainneach	Modhan conaltraidh nas fheàrr, aithne air cùisean buntainneach a stèidheachadh, agus co-chòmhlan a chur air dòigh gus poileasaidh is cleachdadh a leasachadh a dh'fhoillsicheas so-ruigsinneachd an-dràsta agus san àm a tha romhainn gu NNR/ plana làraichean
Stèidhich Buidheann Co-ionannachd Luchd-cleachdaidh, air a cruthachadh à diofar shreathan de luchd-obrach SNH, le Riochdachadh an Aonaidh chiùird nam measg	GD (sa chiad dol a-mach) (Aonadan Uile)	An Cèitean 2007	Bidh co-ionannachd san roinn aca fhèin an urra ri gach Manaidsear aonaid; thèid Ceannardan Co-ionannachd a chur an dreuchd gus adhartas a dhèanamh aig ìre Stiùiridh	

<b>3. Leasachadh Ro-innleachdail agus Poileasaidh</b>				
<b>Gnìomh</b>	<b>Dleastanas</b>	<b>Latha Amais</b>	<b>Adhartas</b>	<b>Buil</b>
Dèan lèirmheas air aithris co-ionannachd is iomadachd agus air targaidean an lùib Plana Corporra SNH agus nam Planaichean Gnìomhachais	Sgioba Rianachd (BCPU)	An t-Samhain 2007	Dèanta	Gabh aire do, agus cùm sùil air adhartas gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' dlùthachadh air plana-gnìomha co-ionannachd agus air cuimsean ùra sam bith
Cuir prògram air chois air feadh SNH airson measaidhean buaidh a dhèanamh agus a phrìomhachadh do phoileasaidhean ùra agus don fheadhainn a th' ann an-dràsta	Aonadan Uile	An t-Samhain 2008 agus leantainneach  Dec 2009	A' gluasad air adhart fhad 's a tha uidheam EqIA air fhuasgladh air feadh na buidhne. Dh'iarr In-sgrùdadh lèirmheas air prìomhachasan. Faic Aithisg shlàn	Poileasaidhean co-ionannachd air an dearbhadh do chiorramaich
Cuir air dòigh stiùireadh airson measaidhean buaidh a bhios air an cleachdadh air feadh na buidhne	GD	An t-Samhain 2008	Uidheam shlàn EqIA air a chur air chois, agus ri fhaighinn tro eadra-lìon SNH	Uidheam EqIA

<b>4. Fuincseanan &amp; Seirbheisean SNH</b>				
<b>Gnìomh</b>	<b>Dleastanas</b>	<b>Latha Amais</b>	<b>Adhartas</b>	<b>Buil</b>
Dèan sgrùdadh air fuincseanan SNH gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cur aithne air gach roinn a tha a' buntainn ris an DED	<u>Sgrùdadh &amp; Co-chomhairleachadh</u>	An Dàmhair 2007	Dèanta	
<b>Tabhartasan</b>				
Dèan cinnteach gun tèid beachdachadh air reachdas DED nuair a thèid meas a dhèanamh air pròiseactan airson tabhartasan SNH	Sgioba Thabhartasan	Leantainneach	Leantainneach	Meudaich an àireamh de bhuidhnean/dhaoine ciorramach a tha a' cur a-steach airson thabhartasan SNH
<b>Làraichean-lìn &amp; Eadra-lìon</b>				
A' leantainn le bhith a' gèilleadh ri inbhean so-ruigsinneachd Iomairt So-ruigsinneachd an Lìn (WAI)	Foillseachaidhean	Leantainneach  Am Màrt 2010	EqIA dèante airson Pròiseact Leasachaidh an Lìn agus luchd-obrach air an trèanadh ann an inbhean WAI. Làrach-lìn corporra ùr air bhog	Làrach-lìn so-ruigsinneach a' gabhail ri inbhe WC3-WAG

<b>Foillseachaidhean</b>				
Stèidhich modhan gus am bi fiosrachadh cho ruigsinneach 's a ghabhas, 's ri fhaighinn ann an diofar chruthan	Foillseachaidhean	Leantainneach	Pod claidinn msaa air an cleachdadh airson foillseachaidhean sònraichte.  Leantainneach	Stiùireadh mathas cleachdaidh air an cur an gnìomh agus air an sgaoileadh air feadh SNH.  Meudachadh san àireamh de dh'iarntasan airson diofar chruthan
<b>Mothachadh &amp; Gabhail a-Staigh</b>				
Co-chonaltraidhean aig Ionadan-turais a leasachadh do luchd-turais bodhair	Conaltradh & Àrdachaidhean  Foillsichean  Manaidsearan Làraich	Feumar tighinn gu co-dhùnadh mu thargaidean airson an àm romhainn, 's an cur ann am plana-gnìomha 2009	Dh'òrdaich SNH aithisg air so-ruigsinneachd chun na dùthcha do luchd-turais bodhair, cleachdar am fiosrachadh seo san àm a tha romhainn	
<b>Cur-seachad &amp; So-ruigsinneachd</b>				



<p>Buileachadh nam molaidhean comharraichte an lùib Sgrùdaidhean 04-06 gus na NNRan <i>Spotlight</i> a thoirt chun na h-inbhean aontaichte</p>	<p>FoillseachaidheC ur-seachad &amp; So- ruigsinneachd</p> <p>Manaidsearan Làraich</p> <p>Làraichean air an riaghladh</p>	<p>2009</p>	<p>Leantainneach</p>	
<p>Leudaich na comasan airson fiosrachadh agus mìneachadh do dhaoine aig a bheil duilgheadasan a thaobh tuigse no foghlam</p>	<p>Conaltradh &amp; Àrdachaidhean, Manaidsearan Làraich</p> <p>Làraichean air an Riaghladh</p>	<p>Targaidean teachdail rin socrachadh 's air an cur ann am plana-gnìomha 2009</p>	<p>Fon lèirmheas a bhios ann an EqlA nam Planaichean Conaltraidh</p>	
<p>Meudaich fiosrachadh mu chothroman airson tadhal air NNRan agus misnich ciorramaich a thaobh sheirbheisean agus ghoireasan</p>	<p>Manaidsearan Làraich</p> <p>Làraichean air an Riaghladh</p>	<p>Leantainneach</p>	<p>Fiosrachadh mu NNRan sònraichte gu bhith air fhoillseachadh nuair a bhios e deiseil</p>	

Goireasan air feadh làraichean NNR/SNA gus na feuman a th' aig ciorramaich a thoirt fa-near	Manaidsearan Làraich So-ruigsinneachd & Cur-seachad  Làraichean air an Riaghladh	2009	A-rèir sgrùdaidhean nan NNRan  Leantainneach	
Beachdaich air na th' ann de dh'fiosrachadh mu so-ruigsinneachd ann am foillseachaidhean is bileagan fiosrachaidh mu thachartasan no mu chuirtean SNH	Foillseachaidhean So-ruigsinneachd & Cur-seachad	Targaidean rin socrachadh, 's thèid an cur ann am plana-gnìomha 2009	Fo bhreithneachadh	Meudachadh san àireamh de bhuidhnean/dhaoine ciorramach a' tighinn gu tachartasan a chur SNH air chois
<b>Càradh Thogalaichean</b>				
Lean air adhart le sgrùdadh air togalaichean SNH tro 2006/2007 gus lorg fhaighinn air atharrachaidhean sam bith a tha reusanta	Roinn nan Togalaichean	Am Màrt 2007	Chaidh prògraman a phlanadh airson leasachaidhean air a bheil feum aig a' mhòrchuid de thogalaichean, stèidhichte air measadh an sgrùdaidh	

Prògram gluasadach de leasachaidhean air na togalaichean aig SNH air an deach aithne a chur tro sgrùdadh thogalaichean SNH a chrìochnachadh	Roinn nan Togalaichean	Am Màrt 2008	Chaidh tòiseachadh air am prògram de leasachaidhean	
---	------------------------	--------------	---	--

<b>5. Cosnadh</b>				
<b>Gnìomh</b>	<b>Dleastanas</b>	<b>Latha Amais</b>	<b>Adhartas</b>	<b>Buil</b>
Dèan lèirmheas air Plana-gnìomha air Cosnadh Co-ionannachd is Iomadachd (a chaidh aontachadh leis an TUS), agus lorg ceangail eadar e agus plana-gnìomha DED	GD	An Gearran 2007	Dèanta	
Dèan measaidhean buaidh airson phoileasaidhean ùr GD sam bith, agus	GD	Am Màrt 2008 & leantainneach	Thathar a' cur crìoch air EqIAan airson a h-uile	Gu bheilear a' dol le riatanasan sgeama na

airson iomairtean a tha co-cheangailte ri Portfolio Ro-innleachd Dhaonna, agus dèan cinnteach gu bheil gach pròiseact a rèir an DED			pròiseact ùr	dà sriochdaig
Dèan cinnteach gu bheil an ath-bhreithneachadh an-dràsta air poileasaidhean is cleachdaidhean luchd-obrach a' gabhail a-steach an DED agus measaidhean buaidh, agus gu bheil iad air an dèanamh mar a tha freagarrach	GD	Am Màrt 2009	Thathar ag ullachadh plana-gnìomha a tha a' liostadh gach EqIA a tha deatamach airson nam poileasaidhean GD a th' ann an-dràsta	
Dèan cinnteach gu bheil an ath Sgrùdadh air Pàigheadh Ionann a' gabhail a-steach cùisean ciorraim	GD	2009	Thathar air tòiseachadh air an sgrùdadh air pàigheadh ionnan. Tha eacarsaich dearbhadh dàta dèanta	
Dèan cinnteach gu bheilear a' gabhail a-steach feuman luchd-obrach ciorramach sa bhun-dàta ùr airson GD	GD	A rèir Plana Buileachaidh nam Pròiseactan	Co-chomhairle le buidhnean cleachdaidh  Dèanta	

Dèan lèirmheas air inbhe co-ionannachd choitcheann (a' gabhail a-steach ciorram, cinneadh, gnè, msaa) a thoirt a-steach do mhanaidsearan agus luchd-obrach air fad	Trèanadh GD	Deireadh 2007	Dèanta	Manaidsearan air am meas a thaobh chomasan iomadachd.  Sgrùdadh bliadhnaile air gluasadan measaidh
<b>Trusadh agus Taghadh</b>				
Dèan lèirmheas air agus cum sùil air inbhe agus cunbhalachd mar a tha an samhla dà-shrìochdag air a cho-chur	GD	An Cèitean 2007	Leantainneach	Gu bheilear a' dol a rèir riatanasan nan dà-shrìochdag
Dèan lèirmheas air gnìomhan follaiseach a thathar a' gabhail gus ciorramaich a mhisneachadh gus cur a-steach airson obair aig SNH	GD	Leantainneach	Diofar shanasan air an cur ann an irisean co-ionannachd  Leantainneach	Gu bheil barrachd chiorramach a' cur a-steach airson obair aig SNH
Dèan lèirmheas air stiùireadh a thaobh taghadh thagraichean do mhanaidsearan agus luchd-obrach GD gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn feuman chiorramach tron phròiseas trusaidh	GD (Manaidsearan Sreatha)	Am Màrt 2007	Dèanta	Mar gu h-àrd
<b>Gleidheadh</b>				

Ath-bhreithnich air poileasaidh agus air modh-obrach gus a dhèanamh furasta atharrachaidhean reusanta a dhèanamh	GD (Manaidsearan Sreatha)	An Dàmhair 2007	Dèanta - an obair air a leasachadh an dàimh ri co-oibrichean slàinte is sàbhailteachd agus Oifigear Chothroman Obrach	Tha ciorramaich a' faireachdainn gu bheil SNH air atharrachaidhean sam bith a tha reusanta a dhèanamh 's gum faigh iad air an cuid obrach a dhèanamh gu h-èifeachdach  An t-Seirbheis Shochairean ga cleachdadh barrachd
--	------------------------------	-----------------	---	--

<b>6. Dùsgadh Mothachaidh agus Trèanadh ann an Co-ionannachd agus Iomadachd</b>				
<b>Gnìomh</b>	<b>Dleastanas</b>	<b>Latha Amais</b>	<b>Adhartas</b>	<b>Builean</b>
Cuir air chois prògram a dhùisgeas mothachadh den DED (agus cùisean co-ionannachd eile), a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach SNH mothachail air na dleastanasan aca	GD (sa chiad dol a-mach)	Am Faoilleach 2007	Leantainneach.	Meudaich na th' ann de mhothachadh air co-ionannachd agus iomadachd a-staigh 's a-muigh.

				Dèan cinnteach gu bheil fios aig an luchd-obrach gu bheil e feumail dhaibh EqlAan a dhèanamh
Lean air adhart a' stèidheachadh iomadachd agus tuigse air ciorram (agus iomadachdan eile) ann am mothachadh luchd-obrach	Trèanadh GD	Leantainneach	Leantainneach. Faic aithisg shlàn	Cuir air adhart mothachadh, co-ionannachd agus beachd aigheach le a bhith a' toirt cothroman trèanaidh mu lomadachd
Comharraich luchd-obrach a tha freagarrach agus thoir barrachd trèanaidh do luchd-obrach ciorramach far a bheil sin a dhìth	Trèanadh GD	Mar as feumail e	Leantainneach	Trèanadh Cuimsichte air lomadachd
Dèan cinnteach gu bheil gach prògram no tachartas trèanaidh air an dearbhadh airson co-ionannachd a thaobh cùisean	Trèanadh GD	Leantainneach	Thèid grèim fhaighinn air an seo cho fad 's a tha na EqlAan air am foillseachadh sa	Gach prògram trèanaidh air a dhearbhadh a thaobh co-ionannachd airson DED.

ciorram			phasgan <i>SameDifference</i> .  Tha seo deatamach mar phàirt den Dioplòma do Mhanaidsearan, agus Rianachd Inntigidh agus Dhreuchdan	Teachdaireachdan cothrom do chiorramaich anns gach cùrsa a tha Trèanadh a' tairgsinn mar a tha sin freagarrach
Tomhais Mothachadh am broinn SNH a thaobh Cùisean Co-ionannachd	Iarrtas BCPU airson In-sgrùdadh	An Dùbhlachd 2010		Tomhais ìre mothachaidh an-dràsta a rèir nan ìrean ann an aithisg 2005
<b>7. Sgrùdadh agus Luachadh</b>				
<b>Gnìomh</b>	<b>Dleastanas</b>	<b>Latha Amais</b>	<b>Adhartas</b>	<b>Buil</b>
Lorg fuincseanan/roinnean a tha a' cur feum air sgrùdadh agus cuir air dòigh prògram sgrùdaidh airson iomadachd air feadh SNH, a bheir cothrom dhuinn gluasad air adhart gu Co-ionannachd do chiorramaich	Aonadan Uile	Foillsich in-sgrùdadh de dh'Fhuincseanan agus Seirbheisean - 2009	Gu bhith stèidhichte tron Sgeama Co-ionannachd Singilte, an t-Ògmhios 2010, mar a chaidh mholadh tro a bhith a' leasachadh Stiùireadh bho EHRC	Ceuman soilleir is ruigsinneach rim faighinn airson a h-uile dual co-ionannachd
Thoir fa-near DED (agus cùisean Co-ionannachd eile) ann a bhith a' cur air chois Cunntas In-gabhalach (Cunntas Luchd-cleachdaidh) ri dhèanamh ann an 2008	BCPU	An t-luchar 2008	Dèanta	Dèan measadh air easbaidhean sam bith a th' anns na seirbheisean a thaobh luchd-cleachdaidh ciorramach



Dèan suirbhidh am measg an luchd-obrach le ceistean a tha gu sònraichte co-cheangailte ri co-ionannachd is iomadachd. Dèan lèirmheas gach bliadhna	GD	An Dùbhlachd 2006 An Dùbhlachd 2007 An Dùbhlachd 2008	Dèanta	Gus ìre mhothachaidh a thaobh cùisean iomadachd (ciorramaich nam measg) air feadh SNH a thogail  Tomhais na h-euchdan o chaidh DED a stèidheachadh
Dèan lèirmheas air an làrach-lìn gus dàta agus ais-fhios fhaighinn air cùisean co-cheangailte ri ciorram (agus ri co-ionannachdan eile)	GD		Fo lèirmheas	An comas gus leasachaidhean ann an seirbheisean a thomhas o chaidh DED a stèidheachadh
Cuir air chois "Aithisg nan Daoine" gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' mion-sgrùdadh chùisean co-cheangailte ri co-ionannachd (ciorram nam measg) an dàimh ri trusadh, leasachadh agus gleidheadh luchd-obrach	GD	Leantainneach	Leantainneach	Dàta air chruinneachadh gach bliadhna a rèir clàir-ama shònraichte
Daingnich Àbhaisteachadh Pròiseact Co-ionannachd	Bòrd Pròiseact E&D	An Gearran 2010	Dh'iarr an In-sgrùdadh gun comharraicheadh am bòrd goireasan airson an obair a chumail	Crìoch air Geàrr-chunntas a' phròiseict agus buidseat riarachta gus freagairt nan

			a' dol Leantainneach	gnìomhan gun rèiteach, agus toradh an Sgeama Co-ionannachd Singilte
--	--	--	-------------------------	---